



NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 3 | 2015 | AM MART

Facal Toisich

Air a' mhìos a chaidh seachad thug sinn sùil air cuid de na leabhraichean ùra a leugh sinn aig àm na Nollaig agus na Bliadhn' Uire. An turas seo tha sinn a' beachdachadh air leabhraichean eile a chòrd rinn. Tha sinn air leth fortanach gu bheil buidhnean-foillseachaidh ann an-diugh a tha a' taisbeanadh leabhraichean susbainteach aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhlig agus ris a' Ghàidhealtachd.

Nuair a chluinneas sinn mu na rudan uamhasach a tha a' tachairt ann an dùthchannan eile, bu chòir dhuinn a bhith taingeil gu bheil sinn beò ann an rìoghachd far a bheil sinn tèarainte, ged a tha mort is marbhadh a' tachairt am Breatann cuideachd. 'S e rud cho oillteil agus a tha ann gur ann an ainm creidimh, mas fhìor, tha clann air am marbhadh no air an toirt am braighdeanas, daoine neo-chiontach air an cur gu bàs, bailtean air an sgrios.

Chan eil e furasta smachd fhaighinn air na daoine borba a tha a' cur romhpa milleadh a dhèanamh. Ach tha sinn toilichte gu bheil na h-ùghdarras a' fàs nas eòlaiche air dòighean fhaighinn air eucoraich a lorg mun dèan iad sgrios.

Anns a' chreideamh Chrìosdail tha sinn a' faicinn cho luachmhor agus tha beatha a h-uile duine. Ma tha cuideigin air chall aig muir no am measg nam beann cha tèid caomhnadh air na chosgas e luchd-teasairginn a chur a-mach gan lorg, gu tric a' cur am beatha fhèin ann an cunnart. Ach tha creudan neònach anns an t-saoghal nach eil a' cur luach sam bith air beatha dhaoine.

Mar a thèid a' bhliadhna air adhart tha sinn an dòchas gum faic sinn an solas a' sìor thoirt buaidh air na cumhachdan dorcha a tha anns an t-saoghal. 'S e cogadh eadar-dhealaichte anns a bheil sinn an sàs seach mar a bha fa chomhair ar sinnsirean ceud bliadhna air ais agus 's e naimhdean tur eadar-dhealaichte a tha a' dèanamh sgrios.

**Gach beannachd dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais na Cille Mòire a tha an-diugh ceangailte ri sgìr an Obain. Gu toiseach na naozhamh linn deug, nuair nach robh anns an Oban ach baile beag, 's ann aig a' Chill Mhòir a bha eaglais na sgìre. Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo nuair a bha e air chuairt ann an Earra Ghàidheal. Tha e math sanas fhaicinn a tha ag innse gu follaiseach mu na seirbheisean. Bha an t-Urr. Neacal MacCalmain, ministear na Cille Mòire, air fear de na ministearan a chaidh a thaghadh le Seanadh Earra Ghàidheal ann an 1649 airson Leabhar Aithghearr nan Ceist eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

Cùil nan Ceist

Tha iomadh seòrsa cumhachd anns an t-saoghal. Air a' mhìos seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil cumhachd air ainmeachadh. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò aig an robh cumhachd mar uachdaran ri Dia? (Genesis, caibideil 32.)
2. Lìon a' bheàrn – “Bheir Esan neart don ———.” (Isaiah, caibideil 40.)
3. Cò aig a bheil cumhachd air a' chriadh? (Ròmanaich, caibideil 9.)
4. Cò a thubhairt, “Thugaibh dhòmhsa mar an ceudna an cumhachd seo?” (Leabhar nan Gnìomharan, caibideil 8.)

Stòiridhean – 2

Chan eil e furasta dhuinn aig amannan a bhith ùmhail do aon a chèile, mar a tha an stòiridh èibhinn seo a' sealltainn. Bha gille deich bliadhna a dh'aois agus cha robh mòran comann aig duine air. Bha e a' cur feum air obair fìaclair, agus chaidh a chur gu fear a bha math le cloinn.

Thàinig an gille chun an fhiacclair deiseil airson batail. *Suidh anns an t-seithear, 'ille*, thubhairt am fiacclair

Cha suidh. Ma bheir thu orm suidhe anns an t-seithear bheir mi dhìom m'aodach gu lèir.

Siuthad, ma tha, dèan sin, ars am fiacclair. Thug e dheth a lèine, a bhrògan agus a stòcainnean.

Glè mhath. A-nis suidh anns an t-seithear.

Cha chuala mi thu, ars an gille. *Thubhairt mi riut, ma bheir thu orm a dhol don t-seithear bheir mi dhìom m'aodach gu lèir.*

Chuala mi thu, fhreagair e. *Bheir dhìot a h-uile stiall.*

Le sin thug e dheth a bhriogais agus a dhrathais. *Nise*, ars am fiacclair, *suidh anns an t-seithear.*

Rinn an gille mar a dh'iarradh air, agus rinn am fiacclair an obair a bha aige ri dhèanamh gun strì.

Nuair a bha e deiseil thubhairt an gille, *A-nis, thoir dhomh mo chuid aodaich.*

Tha mi duilich, ars am fiacclair, *Can ri do mhàthair gu bheil sinn a' cumail d'aodaich chun a-maireach. Faodaidh tu falbh.*

Smaoinich air aghaidh a mhàthar nuair a choisich e a-mach às an rùm mar a rugadh e. Bha an rùm làn dhaoine agus choisich iad còmhla tron trannta agus a-mach chun a' chàir.

Thill màthair a' ghille an ath latha agus dh'iarr i bruidheann ris an fhiacclair, ach chan ann a throd ach a thoirt taing dha. Airson 's dòcha a' cheud uair riamh 'na bheatha bha an gille air a bhith ùmhail do chuideigin agus bha e air buaidh mhòr a thoirt air.

Ann an leabhar nan Ephesianach tha sinn a' leughadh, *A' toirt buidheachais a-ghnàth airson nan uile nithean do Dhia, air dhuibh a bhith ùmhail da chèile ann an eagal Dhè.*

**Oighrig Fhearghasdan,
A' Mhanachainn.**

“Eilean Uaine Thiriodh”

Ann an 1943 chaidh Ethel NicCaluim, nighean òg à Glaschu, a dh'fhuireach a dh'eilean Thiriodh. An sin fhuair i togail a bha blàth agus Crìosdail a thug buaidh air a beatha. Cha robh i fada agus an do dh'fhàs i fileanta ann an Gàidhlig an eilein. A-nis tha leabhar brèagha air tighinn am follais o *Grace Note Publications*, anns a bheil iomradh againn ann an Gàidhlig agus ann am Beurla air beatha, òrain agus ceòl Ethel. A chionn gu bheil an leabhar anns an dà chànan ruigidh e barrachd luchd-leughaidh.

Anns an leabhar seo tha Ethel NicCaluim ag innse mu chùrsa a beatha on latha a chaidh i air tìr ann an Tiriodh air an t-seann *Hebrides*. Tha i ag innse mun choibhneas a fhuair i anns an dachaigh aig Eòghann MacLaomainn agus a bhean, Ceit. Bha bràthair Eòghainn, an t-Oll. Urr. Dòmhnall MacLaomainn, 'na fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig* o 1907 gu 1950, agus o làithean a h-òige chuir Ethel eòlas math air nuair a bhiodh e air chuairt ann an eilean a bhreith.

Gheibhear sealladh inntinneach an seo air cò ris a bha e coltach a bhith ag èirigh suas ann an Tiriodh ann am bliadhnanachan a' chogaidh agus anns na bliadhnanachan an dèidh a' chogaidh, làithean na sgoile, a bhith a' cuideachadh air a' chroit agus ann an oifis a' phuist. Tha na dealbhannan a tha clò-bhuailte air feadh an leabhair feumail cuideachd.

Dh'fhosgail caibideil ùr ann am beatha Ethel nuair a thàinig i a dh'obair aig caisteal Inbhir Aora. Ann an Inbhir Aora choinnich i ri Eàirdsidh MacCalum, phòs iad agus thog iad teaghlach.

Tha tàlant an aig Ethel mar bhana-sheinneadair agus mar bhana-bhàrd. Tha sgithean aice ann a bhith a' cur cùil ri pìosan bàrdachd, a' bhàrdachd aice fhèin agus bàrdachd dhaoine eile.

O làithean a h-òige tha Ethel NicCaluim air seirbheis dhìleas a thoirt don Eaglais. Bidh i tric a' cluich an òrain ann an eaglais Inbhir Aora. Bidh i a' cuideachadh leis na seirbheisean Gàidhlig a tha air an cumail gach mìos ann an Loch Geàrr agus anns an Oban.

Leabhraichean

Fad iomadh bliadhna tha an t-Oll. Iain MacAonghais, mac ministear, air cliù a chosnadh mar shàr sgoilear Gàidhlig aig a bheil eòlas farsaing air eachdraidh, air bàrdachd, agus air beul-aithris nan Gàidheal. Sgrìobh e iomadh aithisg ann am Beurla agus ann an Gàidhlig air cuspairean Gàidhealach, agus tha sinn eòlach air a bhith ga chluinntinn air an ràdio agus air an telebhisean a' labhairt gu fiosrach air iomadh cuspair.

Tha an t-Oll. MacAonghais air chluainidh ann an Dùn Eideann, am baile anns an do chuir e seachad bliadhnanachan mòra co-cheangailte ri Oilthaigh Dhùn Eideann, agus gu h-àraidh ri Sgoil-eòlais na h-Alba. Tha an Sgoil a-nis air leabhar sònraichte fhoillseachadh airson urram a chur air an sgoilear bharrachd seo.

Scottish Studies

Iris 37

Craobh nan Ubhal

(air fhoillseachadh le Sgoil-eòlais na h-Alba.)

Tha corr is fichead sgrìobhadair air aithisgean inntinneach a sgrìobhadh airson na h-iris seo. Tha iad a' dèiligeadh ri cuspairean anns am biodh Iain an sàs. Tha na sgrìobhaidhean air fad tarraingeach, ach bidh ùidh air leth aig luchd-leughaidh nan *Duilleag* anns na tha Dòmhnall Meek ag ràdh mun bhuaidh a bha aig leabhraichean Iain Bhuinein air inntinn nan Gàidheal. Chaidh *Turas a' Chrìosdaidh* eadar-theangachadh uair is uair gu Gàidhlig, a' dearbhadh cho measail agus a bha na Gàidheil air an leabhar.

Tha torr leughaidh anns an iris seo anns a bheil faisg air dà cheud gu leth duilleagan. Tha an leabhar 'na dhòigh fhreagarrach air urram a chur air sgoilear a tha air àite air leth a chosnadh ann an sgoilearachd na h-Alba.

Am measg nan dàn a leughas sinn ann an *Eilean Uaine Thiriodh* tha an laoidh Nollaig, *Stàball Bhetlèheim*, a sgrìobh Ethel agus ris an do chuir i fhèin an ceòl.

Cluinnear guth Ethel NicCaluim tric air an ràdio agus tha i air iomadh òran a chur air clàr. Tha an leabhar seo a' toirt iomraidh air a beatha, ann an Tirodh agus air tìr-mòr.

Ar taing aig Mairead Bennett, le taic on Eric Rice, airson leabhar cho tlachdmhor a thoirt dhuinn, a chòrdas ri luchd-leughaidh air feadh an t-saoghail.

(Tha an leabhar a' cosg £15, agus tha e ri fhaotainn o Grace Note Publications, Grange of Locherlour, Ochertyre, by Crieff PH7 4JS. www.gracenotepublications.co.uk)

Co-labhairt mun Ghàidhlig anns an Eaglais

Air Disathairne, an t-aona latha fichead den Mhàrt, bidh co-chruinneachadh air a chumail ann an eaglais St. George's Tron ann an Glaschu, airson beachdachadh air dòighean anns an gabh adhradh Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Eaglais na h-Alba. Bidh an co-chruinneachadh a' tòiseachadh aig deich uairean anns a' mhadainn agus a' ruith gu ceithir uairean feasgar.

A' toirt cùl-taic don iomairt seo tha an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, a chaidh ainmeachadh mar am Moderàtor a bhios air an Ard-sheanadh on Chèitean. Tha e mothachail nach eil an Eaglais air a bhith cho dìcheallach ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus a bha i anns na bliadhnan a dh'fhalbh. Tha e den bheachd gur e àm iomchaidh a tha seo airson coimhead air mar a ghabhas a' Ghàidhlig a chraobh-sgaoileadh ann an dòighean air a bheil daoine eòlach agus ann an dòighean ùra.

Tha sùil gum bi luchd-labhairt aig a' cho-chruinneachadh aig a bheil fiosrachadh air a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig anns an eaglais agus anns na meadhanan.

Tha sinn an dòchas gun gabh daoine aig a bheil ùidh anns an àite a tha aig a' Ghàidhlig ann an Eaglais na h-Alba an cothrom a' cho-labhairt seo a fhrithealadh agus gum faicear toradh a' leantainn na coinneimh seo.

Fiosrachadh o Gaelic@churchofscotland.org.uk

Iseabal Nic a' Chlèirich

Bidh cuimhne bhlàth ann an iomadh cridhe air Iseabal Nic a' Chlèirich, a fhuair bàs anns an Oban aig toiseach na bliadhna. Ged a bhuineadh Iseabal don Oban, far an do rugadh i bho chionn ceithir fichead bliadhna agus seachd deug, bha ceanglaichean làidir aice ri eilean Thiriodh. Bhiodh i bho àm gu àm a' bruidheann air prògraman Gàidhlig air an ràdio mu na cuimhneachain a bha aice air làithean a h-òige anns an Oban.

Bha Iseabal NicGhilleathain Stiùbhart pòsta aig Dòmhnall Mac a' Chlèirich a bha 'na sgiobair air bàtaichean nan taighean-solais. Cha robh iad pòsta ach mu dheich bliadhna nuair a chaochail Dòmhnall. Bha ise bliadhnachan 'na bana-chlèireach ann an sgoil Ach na Creige anns an Oban far an robh na sgoilearan agus an luchd-teagaisg measail oirre.

Fad iomadach bliadhna rinn Iseabal Nic a' Chlèirich mòran as leth na Gàidhlig, a' brosnachadh dhaoine eile gu bhith a' togail a' chàinain. Bliadhna an dèidh bliadhna, fhad 's a bha an cothrom aice fhritheil i am Mòd Nàiseanta anns gach àite air feadh Alba anns an robh e air a chumail. Nuair a bha i na b'òige choisinn i grunn bhonn aig Mòdan airson seinn.

Bha Iseabal bliadhnachan seachad air ceithir fichead agus deich nuair a thug dìth na slàinte oirre gun a bhith a' frithealadh na seirbheis Ghàidhlig ann an eaglais Rathad Ghleann Chruitein anns an Oban. Bha àite sònraichte aig an eaglais 'na beatha, agus bha ionndrain oirre aig na seirbheisean Gàidhlig. Thàinig coitheanal math de luchd na Gàidhlig agus càirdean eile cruinn anns an eaglais sin air an darna latha deug den Fhaoilleach gu bhith a' toirt taing do Dhia airson a beatha. Mar a bha freagarrach, bha pàirt den t-seirbheis ann an Gàidhlig.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Seinnibh don Tighearna òran nuadh." Tha na faclan sin tric ann an Leabhar

nan Salm. Tha iad sgrìobhte faisg air deireadh Leabhar nan Salm, anns an naodhamh salm deug thar sheachd fichead. (Salm 149.)

Tha òrain ùra ann a bhios an òigridh a' seinn an-diugh. Ach ann am beagan sheachdainean cha bhi cuimhne air. Ach bha an t-òran ùr a bha an salmadair a' seinn daonnan ùr. Bha e a' seinn mu ghràdh Dhè, mu thròcair Dhè, mu mhathanas Dhè. 'S e a tha sin cuspairean nach fàs seann-fhasanta.



A' coimhead a-mach air an uinneig an-diugh 's e sealladh brèagha a tha ann. Tha sneachd air an talamh, ged nach eil e

domhainn. A chionn gu bheil an aimsir cho fuar chan eil an sneachd a' leaghadh ach beag is beag. Cha robh na rathaidean dùinte an seo mar a bha iad ann an àiteachan eile. Tha sinn taingeil do na daoine a bhios a' cumail an rathaid fosgailte, a nì obair chàraidh nuair a chailleas sinn cumhachd an dealain. Bidh aca ri obair dhoirbh a dhèanamh nuair a tha fuachd agus gaoth ann. Tha feum aig an t-saoghal air tuilleadh gràidh.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Cha tig fuachd gun tig earrach." (Cold does not come until spring

comes.) Air a' gheamhradh bha àiteachan air a' Ghàidhealtachd a bha glè fhuar. Bha sin fìor gu h-àraidh mu cheàrnaidhean a tha àrd os cionn na mara. Ach tha e tric a' tachairt gu bheil làithean fuara ann nuair a thig an t-earrach ged a tha an geamhradh seachad. Thig sneachd cho fada air adhart ris a' Ghiblean no ris a' Chèitean. Anns a' Bhioball chì sinn cho fuar agus a tha naimhdeas agus fuath agus cho blàth agus a tha gràdh agus coibhneas.



Bha an t-abstol Pòl eòlach air a bhith ann an stoirmean aig muir. Bha a bheatha tric ann an cunnart air an fhairge. Chaidh

bàtaichean air an robh e a' seòladh fodha. Mar sin bhiodh co-fhaireachdainn aige ri daoine a bhios ann an trioblaid aig muir anns an latha againne. Air a' gheamhradh a chaidh seachad bha bacadh air bàtaichean-aiseig a chionn gu robh a' ghaoth cho làidir. Chaidh bàtaichean-iasgaich fodha agus rinn luchd-teasairginn cobhair orra. Bha co-fhaireachdainn aig Pòl ri daoine a bha a' dol tro shuidheachaidhean doirbhe a chionn gun do dh'fhiosraich e fhèin na nithean sin. Mar Mhac an Duine dh'fhiosraich losa na rudan a bhios sinne a' fiosrachadh.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu chumhachd, mar a tha am facal air a chleachdadh anns a' Bhìoball. 1. Iàcob. 2.anfhamn. 3. Criadhadair 4. Sìmon.

RANN

*Nach fallainn an sìol a lìon an cruinne
Le beannachdan Chrìosd tha fialaidh rinne,
Le 'theagasg 's le 'dhìon mar Dhia 's mar dhuine –
Chan iarr sinn tuilleadh mar dhòchas.*

Seo ceathramh anns an laoidh aig Murchadh MacLeòid (Murchadh a' Cheisteir), *Bàs is fàs a' ghràinne chruithneachd*. Rugadh Murchadh ann an Liùrbost ann an Leòdhas ann an 1837. Bha 'athair 'na cheistear aig an Urr. Rob Fionnlaghstan 'na mhinistear ann an sgrìobhadh Loch.

Tha meas mòr am measg nan Gàidheal air na laoidhean aige.

LEABHRAICHEAN PRISEIL

Aig àm an dà chogaidh thàinig na h-eaglaisean còmhla airson leabhraichean Gàidhlig a chlà-bhualadh a leughadh na saighdearan Gàidhealach a bha ri uchd a' bhàil. Am measg nan leabhran sin bha *Teagasg nan Aithrichean* anns an robh searmoinean agus pìosan eile o mhinistearan Gàidhealach. Seo na sgrìobh an t-Oll. Urr. Mac an Tòisich MacAoidh air 2 Corintianach 5:21 – *Cha robh peacadh aig Crìosd ann fhèin, agus chaidh a dhìteadh; chan eil fireantachd aig a' chreidmheach ann fhèin, gidheadh tha e air fhìreanachadh*. Bha Mac an Tòisich MacAoidh 'na mhinistear air Tairbeart na Hearadh agus ann an ceàrnaidhean eile, agus bha e 'na fhear-deasachaidh air an iris Ghàidhlig aig an Eaglais Shaoir.

LEABHAR-LATHA

Corr is ceud bliadhna air ais bha Alice NicLachlainn a' teagasg sgoile ann an Hiort far an robh an duine aice 'na mhiseanaraidh. Chùm i leabhar-latha nuair a bha i air an eilean a tha a' toirt fiosrachaidh dhuinn air dòigh-beatha an t-sluaigh. Gabhaidh an leabhar-latha a-nis a leughadh air loidhne air an làrach-lìn aig Urras Nàiseanta na h-Alba. Tha e inntinneach a bhith a' faighinn seallaidh air eilean Hirt o chuideigin a bha thall agus a chunnaic.

LEABHAR INNTINNEACH EILE

Am measg nan leabhraichean a leugh am fear-deasachaidh aig àm na Nollaig bha an leabhar aig Tormod E. Dòmhnallach, *Eadar Clachan Shannda agus Tobar na Màthar*. Tha luchd-leughaidh nan Duilleag agus irisean eile eòlach agus measail air na

sgrìobhaidhean aig Tormod, agus tha e math na cuimhneachain aige fhaicinn ann an aon leabhar. Tha dùil againn iomradh a thoirt air an leabhar air an ath mhìos.

ADHBHAR GAIRE

Anns na seann làithean anns a' bhitheantas bha seirbheisean eaglaise na b'fhaide na tha iad anns an latha againne. Bha daoine na bu chleachdte ri bhith 'nan suidhe ag èisteachd. Mar sin bha an searmon na b'fhaide na na searmoinean a chluinneas sinn an-diugh. Cha robh e 'na annas searmon a bhith cho fada ri uair an uaireadair. Ma bha ministear ann a bha a' cumail an t-sluaigh ro-fhada, gu h-àraidh ma bha an aimsir fuar, uaireannan gheibheadh e far-ainm. Mòran bhliadhnachan air ais bha ministear ann am fear de na h-eileanan a bheireadh greis mhath a' searmonachadh, ged a bha cuid a' cumail a-mach nach robh mòran aige ri ràdh. 'S e "Ministear Togail-ùine" a thug an sluaigh air.

Urnaigh

A Dhè uile-ghlic,
is aithne dhut ar feuman gu lèir.
Tha Thu a' coinneachadh
ri ar feuman aimsireil
ann a bhith a' toirt dhuinn
gach latha ar n-arain làitheil.
Tha Thu a' coinneachadh
ri ar feuman spioradail
ann an losa Crìosd
a tha a' toirt dhuinn Aran na Beatha.
Airson do bheannachdan gu lèir
tha sinn a' moladh d'ainm.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh a bha cumanta gu leòr anns na h-eileanan aig aon àm, sgioba ag obair còmhla mar theaghlach agus mar bhailtean a' buain na mòna. A chionn gu bheil pris an dealain cho àrd, chan eil fios nach faic sinn tuilleadh dhaoine a' dol air ais chun nam poll-mòna, ged a tha mòran obrach ri dhèanamh mum faighear a' mhòine dhachaigh.